



Làithean-Saora na Nollaig 2019

Dùbhlán Matamaig an Leas Phrìomh Mhinisteir



The Scottish
Mathematical
Council



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

Tòimhseachan 1 - Secret Santa sa Chlas

O CHIONN BEAGAN ÙINE – ANN AN SGOIL NACH EIL RO FHAD’ AIR FALBH... BHA ÀM NA NOLLAIG A’ TIGHINN DLÙTH ANNS A’ CHLAS AIG A’ BH-UAS ELTOW...

A Bh-Uas Eltow, Tha mi ag iarraidh prèasantan a cheannach airson a h-uile duine ach tha e CHO daor.

hmm...

Carson nach dèan sibh Secret Santa?

A' Bh-Uas, Dè a th'ann an 'Secret Santa'?

Airson 'Secret Santa', bidh a h-uile duine a' ceannach dìreach AON PHRÈASANT agus bidh iad ga chur ann am poca le àireamh air. Ann an dòigh seo, cha bhi fhios aig duine sam bith cò thug seachad gach prèasant. Chan eil ach £4 agaibh ri chosg!

Is urrainn a h-uile duine prèasant a cheannach gun chosgais

Deagh bheachd a tha sin. An urrainn dhuinn seo a dhèanamh?

Ceart a chlann! Dè na riaghailtean a th' againn airson Secret Santa?

Cuir pàipear-còmhdach air am prèasant agus smaoinich mu dheidhinn mar a dh'inneas tu dè na cumaidhean a th' ann.

Ainmich àireamh airson gach prèasant agus faigh a-mach dè cho trom 's a tha e.

Cuireamaid seann phàipear-còmhdach air airson airgead a chaomhain.

THUG IAD UILE NA PRÈASANTAN AIR AN CÒMHDACH A-STEACH.

Saoil dè an cuideam a th'air am prèasant seo.

Tha mi air bhioran mu dheidhinn seo!

Ciamar a tha sinn a' dol a sheòrsachadh na prèasantan?

Deagh cheist! An toiseach, cuiridh sinn na prèasantan ann an ordugh de chuideam – bho na prèasantan as aotraime gu na prèasantan as truite

Ann an òrdugh le cia mheud aodainn a th'air an cruth

Le na h-àireamhan – bho an àireamh as lugha gu an àireamh as motha.

Dè na dòighean eile b' urrainn dhuinn cleachdadh?

Tha an t-àm ann airson "TOMHAIS AM PRÈASANT"! Airson dìthis no barrachd luchd-cluiche.

Ma seach, tagh prèasant bho na dealbhan ann an Tòimhseachan 2 agus sgrìobh an àireamh sìos – NA SEALL E RI DUINE SAM BITH!

Thoir don h-uile duine 3 tuairmsean airson am prèasant a thomhais. Ma tha iad ga fhaighinn ceart as dèidh 1 tuairmse, gheibh iad 9 puingean, as dèidh 2 tuairmse gheibh iad 6 puingean agus as dèidh 3 tuairmsean gheibh iad 3 puingean.

Mar eisimpleir:

1. Tha am prèasant seo air a dhèanamh le dà chruth eadar-dhealaichte.
2. Tha an àireamh air am bileag cothromach agus eadar 60 is 70.
3. Tha pioramaid anns a' phrèasant seo.

Tòimhseachan 2 - Prèasantan Secret Santa

 180g	 130g	 230g
 250g	 260g	 240g
 280g	 200g	 290g
 190g	 170g	 160g

 210g	 165g	 110g
 120g	 100g	 380g
 140g	 195g	

Tha a' BhUas Eltow ag iarraidh gum bi a' chlann ag obair còmhla. Feumaidh iad na prèasantan uile a chuir ann an còig pocannan. Cha leig iad leas an aon àireamh a chur anns gach poca ach feumaidh na pocannan a bhith an aon chuideam ri chèile. Am b' urrainn dhut Clas 4 a cuideachadh leis an obair seo? Feumaidh tu pàipear agus peann, agus dh'fhaodadh àireamhair no inbheach cuideachadh cuideachd! Tha barrachd na aon fhreagairt ann.




Tòimhseachan 3 - Tuairmsean Secret Santa


Obraich a-mach na freagairtean aig na tuairmsean gu h-ìosal agus cuir iad ri chèile ris na bileagan ann an tòimhseachan 2.



Dè an àireamh a tha an dùbail de 23?




Tha an t-òran 'Na ___ Làithean den Nollaig' air a sheinn aig an àm seo.




Tha cnacair na Nollaig a' cosg 25 sgillinn agus tha cuilcean siùcar a' cosg 35 sgillinn. Dè an cosgais uile gu lèir?

Tha Blitzen còig bliadhna nas sine na tha Rudolph. Tha Rudolph 36 bliadhna a dh' aois. Dè an aois a tha iad gu h-iomlan?




Tha an cuideam aig 1 sìthich 34 cileagram. Dè an cuideam a bhios aig dithis sìthich?

Tha bogsaichean de cnacairean air an reic le 6 cnacairean nam broinn. Cia mhead bogsa a dh'fheumas tu ceannach airson 18 cnacairean fhaighinn?




Aig toiseach Oidhche na Nollaig, cia mhead uair a tha air fhàgail gu ruige Latha na Nollaig?




Dusan drumairean a' drumaireachd, aon-deug piobairean a' piobaireachd, deich morairean a' leum. Cia mhead duine uile gu lèir?

Ceithir cuthagan, trì cearcan-fraoich, dà chalman agus smeòrach le ceileireadh binn. Cia mhead cas a th' orra uile gu lèir?



Tha 28 cairtean, 28 cèisean agus 38 prèasantan ann am bogsa. Cia mhead rud a th' ann gu h-iomlan?



Dè an àireamh as lugha le dà fhigear?

Tha 75 taighean air an t-sràid agaibh agus tha thu a cuir cairt Nollaig do gach nàbaidh, cia mhead cairt a thu a' cur sa phost?




Cia mhead latha a th' anns an Dùbhlachd?

Chosg Somhairle £2.89 air pàipear-còmhdach. Dè an iomlaid a gheibh e bho £3 (ann an sgillinnean)?



Dè an àireamh as motha le dà figear?




Tha pàipear-còmhdach air a reic air a mheatair. Cia mhead ceudameatair a th' ann an 1 meatair?

Tha 72 loinnearan Nollaig aig Anndra. Tha e a' toirt leth dhiubh dha phiuthar Andrea. Cia mhead loinnearan Nollaig a th' air fhàgail aig Anndra?



Tha 3 craobhan Nollaig ann le 21 loinnearan Nollaig air gach craobh. Cia mhead loinnearan Nollaig a th'ann gu h-iomlan?

Tha ceathrar a' faighinn ochd buinneagan-Bhrùisealach an urra. Cia mhead buinneag-Bhrùisealach a th'ann uile gu lèir?



Dè an ceann-latha san Dùbhlachd a th' aig Latha na Nollaig?





Air a thoirt seachad do sgoilearan ann an Clas 4 ann an Alba airson spòrs matamataig leis an teaghlach aig làithean-saora na Nollaig.

Air a leasachadh le Riaghaltas na h-Alba agus Comhairle Matamataig na h-Alba.

Thèid na freagairtean agus dòighean-obrach fhoillseachadh aig blogs.gov.scot/making-maths-count bho 6 Faoilleach 2020.

Pàrantan agus luchd-cùraim

Thèid gu Parentzone Alba www.education.gov.scot/parentzone agus Parent Club www.parentclub.scot airson dòighean eile spòrs a bhith ag aibh le matamataig agus àireamhachd.

Dè as urrainn dhut dèanamh mar phàrant neo neach-cùraim

- Cluich geamannan-bùird! Tha matamataig an lùib iomadh geama: dh'fhaodadh seo a bhith a' cunntais cèarnagan, a' lorg sreathan, a' gluasad gu diofar thaobhannan, a' rannsachadh coltachd le bhith a' roilgeadh disnean neo a' dèiligeadh chairtean, agus a' leantail loidig agus riaghailtean.
- Cluich tòimhseachain agus geamannan a chleachdas tòimhseachain. Mar eisimpleir, Neoinithan agus Croisean, Guess Who?, Sudoku, Dominothan, Battleships, Dotaichean agus Bogsaichean agus Tàileasg. Tha iad seo a' cleachdadh smaoineachadh ro-innleachdail, a' fuasgladh cheistean, agus planadh, a bharrachd air na sgilean eile gu h-àrd.
- Bheir clann a-steach do ghnìomhan a tha a' cleachdadh matamataig. Mar eisimpleir, tha còcaireachd gu tric ag iarraidh uireadan agus tomhas a bharrachd air cumaidhean, uairichean agus teòthachdan. Nuair a tha thu a' dol dhan bhùth tha thu a' faicinn prìsean, a' cunntais airgead agus a' coimhead air dè an uair a tha e.
- Dèan tuairmse air rudan a chuir còmhla: “Saoil cia mheud ceum a th' ann an seo?”
- Planaig turasan còmhla, a' coimhead air mapaichean agus clàraichean-àrna, agus bruidhinn mu dheidhinn astaran.
- Bruidhinn mu dheidhinn matamataig ann an dòigh a tha a' sealltainn gur toigh leat e, agus mar sin smaoinichidh ur pàiste mar sin cuideachd!

